




A' rannsachadh Sgeulachd na Nollaig sa Bhìoball Muire, Iòseph agus breith Chrìosd

CfE: Tro rannsachadh beatha agus teagasg Ìosa agus dhaoine eile ann an Crìosdaidheachd, tha mi a' meudachadh m' eòlais agus mo thuigse mu phrìomh chreideasan Crìosdail. (RME 2-01b)

Tarraing dealbh de na rudan as aithne dhut mu thràth mu Mhuire, Iòseph agus breith Chrìosd ann an sgeulachd na Nollaig.



Muire agus Iòseph

Leugh Mata caibideil 1, earrannan 18-24.

1. Cò eadar a bha ceangal-pòsaidh? No Bha ceangal-pòsaidh eadar Muire agus

..... agus

NO - Cò aig a bha Muire fo ghealladh-pòsaidh? (ATN2017)

.....

2. Ciamar a chaidh Muire a dhèanamh torrach (earrann 18)?

.....



3. Cò dh'inns do Iòseph gum bu chòir dha Muire a phòsadh agus cuideachd an t-ainm a bheireadh e air an naoidhean?

.....
.....

4. Carson a bha aig Iòseph ri Ìosa a thoirt air an naoidhean?

.....
.....

5. Dè tha Emanuel a' ciallachadh?

.....

Breith Chrìosd

Lucas caibideil 2 earrannan 1-7.

1. Dè am fiosrachadh eachdraidheil a tha ann an earrannan 1 agus 2?

.....

2. Carson a chaidh Iòseph agus Muire gu Betlehem?

.....

3. A bheil e ag innse ciamar a shiubhail Muire gu Betlehem?

.....

4. Dè am beathach air an robh Muire a' marcachd, am beachd a' mhor-chuid de dhaoine?

.....

5. Càit an deach Ìosa a chur nuair a rugadh e?

.....



6. A bheil an earrann ag ainmeachadh stàball? Saoil carson a tha a' mhòr-chuid a' smaoinichadh gum b' e stàball a bh' ann?

.....

.....

Smaoinich

Canaidh Crìosdaidhean Rìgh ri Ìosa. Càit am biodh dùil agad a bhiodh rìgh òg?





Freagairtean

Muire agus Iòseph

1. Cò eadar a bha ceangal-pòsaidh? (ABG1990)

Bha ceangal-pòsaidh eadar Muire agus Iòseph

2. Cò aig a bha Muire fo ghealladh-pòsaidh? (ATN2017)

Bha Muire fo ghealladh-pòsaidh aig Iòseph.

3. Ciamar a chaidh Muire a dhèanamh torrach (earrann 18)?

Chaidh Muire a dhèanamh torrach on Spiorad Naomh.

4. Cò dh'inns do Iòseph gum bu chòir dha Muire a phòsadh agus an t-ainm a bheireadh e air an naoidhean?

B' e aingeal an Tighearna a dh'inns do Iòseph gum bu chòir dha Muire a phòsadh agus an t-ainm a bheireadh e air an naoidhean.

5. Carson a bha aig Iòseph ri Ìosa a thoirt air an naoidhean?

Bha aig Iòseph ri Ìosa a thoirt air an naoidhean oir bha e a' dol a shaoradh a shluaigh fhèin om peacaidhean.

6. Dè tha Emanuel a' ciallachadh?

Tha Emanuel a' ciallachadh 'Dia còmhla rinn'.

Breith Chrìosd

1. Dè am fiosrachadh eachdraidheil a tha ann an earrannan 1 agus 2?

B' e Augustus an Cèasar aig an àm, agus dh'iarr e cunntas-sluaigh airson saoghal na Ròimh gu lèir. Tha na h-earrannan ag innse cuideachd gun robh Cuirinius na riaghladair air Siria.



Freagairtean

2. Carson a chaidh Iòseph agus Muire gu Betlehem?

Chaidh Muire agus Iòseph gu Betlehem a chionn 's gum buineadh Iòseph do shliochd Dhaibhidh.

3. Dè am beathach air an robh Muire a' marcachd, am beachd a' mhòr-chuid de dhaoine?

Tha a' mhòr-chuid de dhaoine a' smaoinichadh gun robh i a' marcachd air asal a' dol gu Betlehem.

4. Càit an deach Ìosa a chur nuair a rugadh e?

Chaidh Ìosa a chur ann am prasach nuair a rugadh e.

5. A bheil an earrann ag ainmeachadh stàball? Saoil carson a tha a' mhòr-chuid a' smaoinichadh gum b' e stàball a bh' ann?

Bidh caochladh fhreagairtean ann.

6. Carson a bha aig Iòseph ri Ìosa a thoirt air an naoidhean?

Bha aig Iòseph ri Ìosa a thoirt air an naoidhean oir bha e a' dol a shaoradh a shluaigh fhèin om peacaidhean.

7. Dè tha Emanuel a' ciallachadh?

Tha Emanuel a' ciallachadh 'Dia còmhla rinn'.

Smaoinich: Canaidh Crìosdaidhean Rìgh ri Ìosa. Càit am biodh dùil agad a bhiodh rìgh òg?

Bidh caochladh fhreagairtean ann ach bu chòir dhaibh a ràdh gum biodh dùil rìgh òg a bhith ann an lùchairt no ann an dachaigh rìoghail.